


# Làithean-Saora an t-Samhraidh 2019

---


Dùbhlann Matamaig an Leas Phrìomh Mhainisteir

The Scottish  
Mathematical  
Council



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
[gov.scot](http://gov.scot)

## Tòimhseachan 1 – Dùbhlan Boghadairreachd an Teaghlaich



Air an làithean-saora, tha an teaghlaich Archer a' dol gu co-fharpais boghadairreachd an aghaidh a chèile. A-rèir an targaid gu h-àrd, an urrainn dhut na tòimhseachain seo obrachadh a-mach:

Tha gach saighead a' ruighinn na targaid agus tha 4 saigheadan anns gach cuairt.

Cuart 1 – 54 puing aig Mam, 55 puing aig Dad, 70 puing aig Iona agus 58 puing aig Harris. Càite a dh'haodadh na saigheadan aca a bhith airson na puinean sin fhaighinn?

Cuart 2 – tha an aon àireamh de phuингean aig a h-uile duine san teaghlaich. An urrainn dhut obrachadh a-mach mar a rinn iad seo le diofar òrdughan de shaigheadan? Faodaidh tu an aon àireamh a chleachdadadh barrachd na aon turas

Tha soidhne ann ag ràdh gum faigh duine sam bith a gheibh barrachd na 60 puinean le 3 saigheadan gèama eile an-asgaidh. Cia mheud dòigh a th' ann seo a dhèanamh, agus dè th' annta?

Carson nach dèan thu fhèin geama mar seo le bhith a' dèanamh targaid agus a' caitheamh buinn-airgid no cunntairean, a' cleachdadadh do sgilean matamataig airson na puinean obrachadh a-mach.

## Tòimhseachan 2 – Pacadh airson Làithean-saora an t-Samhraidh



Tha lona air 3 diofar lèintean-t, 3 diofar phàidhrichean bhrògan agus 3 diofar phàidhrichean leggings a phacadh na poca-droma. Cia mheud diofar èideadh as urrainn dhi dèanamh?

An urrainn dhut innse mar a dh'obraich thu a-mach e?

## Tòimhseachan 3 – Leabhar Thòmhseachain

$$\begin{array}{c} \text{girl with soccer ball} \\ + \\ \text{girl with soccer ball} \\ + \\ \text{girl with soccer ball} \end{array} = 45$$

$$\begin{array}{c} \text{blue sneakers} \\ + \\ \text{blue sneakers} \\ \times \\ \text{girl with soccer ball} \end{array} = ?$$

$$\begin{array}{c} \text{girl with red card} \\ + \\ \text{girl with red card} \\ + \\ \text{girl with soccer ball} \end{array} = 33$$

Chan eil lona agus Harris ag aontachadh mu dheidhinn am freagairt ceart dhan tòimhseachan seo. Tha lona a' smaointinn gur e 68 a th' ann ach chan eil Harris a' smaointinn gur e. Dè tha thu a' smaointinn a bhiodh ceart? An urrainn dhut seo a mhìneachadh do lona agus Harris?

An urrainn dhut agus cuideigin san teaghlaich agad seo fheuchainn agus coimeas a dhèanamh eadar ur freagairtean?

$$\begin{array}{c} \text{girl with red card} \\ + \\ \text{blue sneakers} \\ + \\ \text{blue sneakers} \end{array} = 25$$

A bheil na freagairtean uile co-ionann?

Mura bheil, beachdaich air do smaineachadh agus èist ris a' mhìneachadh a th' aig càch, cò tha ceart agus carson?

# Tòimhseachan 4

 <p>Shannon Lynn Glèidheadair <b>Sgioba:</b> Vittsjo GIK</p> <p>Aois – 33 Ceapan – 30 Duilleagan glan – 8</p>	 <p>Jenna Fife Glèidheadair <b>Sgioba:</b> Hibernian</p> <p>Aois – 23 Ceapan – 4 Duilleagan glan – 2</p>	 <p>Lee Alexander Glèidheadair <b>Sgioba:</b> Baile Ghlaschu</p> <p>Aois – 27 Ceapan – 16 Duilleagan glan – 1</p>
 <p>Jennifer Beattie Dionadair <b>Sgioba:</b> Baile Manchester</p> <p>Aois – 27 Ceapan – 123 Tadhail – 22</p>	 <p>Kirsty Smith Dionadair <b>Sgioba:</b> Manchester Utd</p> <p>Aois – 25 Ceapan – 34 Tadhail – 0</p>	 <p>Rachel Corsie Dionadair <b>Sgioba:</b> Utah Royals</p> <p>Aois – 29 Ceapan – 108 Tadhail – 16</p>
 <p>Chloe Arthur Dionadair <b>Sgioba:</b> Baile Birmingham</p> <p>Aois – 24 Ceapan – 19 Tadhail – 0</p>	 <p>Sophie Howard Dionadair <b>Sgioba:</b> Reading</p> <p>Aois – 25 Ceapan – 13 Tadhail – 0</p>	 <p>Joelle Murray Dionadair <b>Sgioba:</b> Hibernian</p> <p>Aois – 32 Ceapan – 48 Tadhail – 1</p>
 <p>Hayley Lauder Dionadair <b>Sgioba:</b> Baile Ghlaschu</p> <p>Aois – 28 Ceapan – 98 Tadhail – 9</p>	 <p>Leanne Crichton Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Baile Ghlaschu</p> <p>Aois – 31 Ceapan – 64 Tadhail – 3</p>	 <p>Caroline Weir Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Baile Manchester</p> <p>Aois – 23 Ceapan – 62 Tadhail – 7</p>

# - Sgioba na h-Alba

	<p>Joanne Love Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Baile Ghlaschu</p>
<p>Aois – 33 Ceapan – 191 Tadhail – 13</p>	

	<p>Kim Little Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Arsenal L.F.C.</p>
<p>Aois – 28 Ceapan – 132 Tadhail – 53</p>	

	<p>Christie Murray Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Liverpool L.F.C.</p>
<p>Aois – 28 Ceapan – 60 Tadhail – 4</p>	

	<p>Lizzie Arnot Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Manchester Utd</p>
<p>Aois – 23 Ceapan – 25 Tadhail – 2</p>	

	<p>Nicola Docherty Cluicheadair-meadhain <b>Sgioba:</b> Baile Ghlaschu</p>
<p>Aois – 26 Ceapan – 18 Tadhail – 0</p>	

	<p>Claire Emslie Adhartaiche <b>Sgioba:</b> Manchester City</p>
<p>Aois – 25 Ceapan – 20 Tadhail – 3</p>	

	<p>Jane Ross Adhartaiche <b>Sgioba:</b> West Ham</p>
<p>Aois – 29 Ceapan – 126 Tadhail – 58</p>	

	<p>Lisa Evans Adhartaiche <b>Sgioba:</b> Arsenal L.F.C</p>
<p>Aois – 26 Ceapan – 77 Tadhail – 17</p>	

	<p>Fiona Brown Adhartaiche <b>Sgioba:</b> FC Rosengard</p>
<p>Aois – 24 Ceapan – 37 Tadhail – 2</p>	

	<p>Lana Clelland Adhartaiche <b>Sgioba:</b> Fiorentina</p>
<p>Aois – 26 Ceapan – 24 Tadhail – 3</p>	

	<p>Erin Cuthbert Adhartaiche <b>Sgioba:</b> Chelsea</p>
<p>Aois – 20 Ceapan – 29 Tadhail – 9</p>	



# Tòimhseachan 4 – Sgioba na h-Alba

Tha an teaghlach a' bruidhinn mu dheidhinn na cluicheadairean as fheàrr leotha bho Sgioba Ball-coise nam Ban Albannach airson Cupa na Cruinne 2019. Tha iad a' cluich geama tomhais airson an cluicheadair a lorg. An urrainn dhut an cluicheadair as fheàrr leis a h-uile duine san teaghlach obrachadh a-mach?

## Mum

- tha i a' cluich airson sgioba Albannach
- tha a h-aois agus a h-àireamh de cheapan nan àireamhan chothromach
- tha i air 3<sup>2</sup> tadhail a chuir

## Cò th' ann?

## Harris

- 's e prìomh àireamh a th' anns an àireamh de thadhail aice
- tha i na h-adhartaithe
- tha a h-aois, a ceapan agus a tadhail gu h-iomlan na iomad de 10

## Cò th' ann?

## Iona

- tha a h-aois na  $\frac{1}{4}$  de 100
- chan eil i air tadhail sam bith a chuir
- faodar a h-àireamh de cheapen a roinn gu co-ionann le 17 agus 2

## Cò th' ann?

## Dad

- tha an suim de na trì àireamhan na àireamh chothromach
- tha a h-aois sna 20an
- tha aon duilleag ghlan aice

## Cò th' ann?

An urrainn dhut an aon rud a dhèanamh airson an cluicheadair as fheàrr leat airson caraid obrachadh a-mach?




# Tòimhseachan 5 – Cumaidhean

Cia mheud triantan a chi thu?

Tha Iona agus Harris a' lorg tòimhseachan eile san leabhar. 'S toil le Iona tòimhseachain cumaidh.

Tha Harris a' smaoineachadh gu bheil 26 ann ach tha Iona a' smaoineachadh gu bheil Harris ceàrr. Cò tha ceart agus carson?

Nuair a bha iad a' coimhead airson triantanan, chunnaic Harris iomadh cumadh eile. Cia mheud diofar seòrsa cumadh as urrainn dhut a lorg? Coimhead gu faiceallach, chan eil a h-uile cumadh follaiseach an-toiseach!



Tha cumaidhean san dealbh a bharrachd air triantanan – a bheil fios agad air fiosrachadh mu dheidhinn na cumaidhean seo – mar eisimpleir an ainmean, cia mheud loidhne a th' aca, a bheil iad co-chothromach? Dè eile?

# Air a thoirt seachad do sgoilearan ann an Clas 6 ann an Alba airson spòrs matamataig leis an teaghlach aig làithean-saora an t-samhraidh.

---

Air a leasachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle Matamataig na h-Alba.

Thèid na freagairtean agus dòighean-obrach fhoillseachadh aig ([blogs.gov.scot/making-maths-count](https://blogs.gov.scot/making-maths-count)) air 27 luchair 2019.

---

## Pàrantan agus luchd-cùraim

Thèid gu Parentzone Alba

[www.education.gov.scot/parentzone](https://www.education.gov.scot/parentzone)

agus

Parent Club [www.parentclub.scot](https://www.parentclub.scot) airson dòighean eile spòrs a bhith agaibh le matamataig agus àireamhachd.

## Dè as urrainn dhut dèanamh mar phàrant neo neach-cùraim

- Cluich geomannan-bùird! Tha matamataig an lùib iomadh geama: dh'fhaodadh seo a bhith a' cunntais cèarnagan, a' lorg sreathan, a' gluasad gu diofar thaobhannan, a' rannsachadh coltachd le bhith a' roiligeadh dìsnean neo a' dèiligeadh chairtean, agus a' leantail loidig agus riaghailtean.
- Cluich tòimhseachain agus geomannan a chleachdas tòimhseachain. Mar eisimpleir, Neoinithan agus Croisean, Guess Who?, Sudoku, Dominothan, Battleships, Dotaichean agus Bogsaichean agus Tàileasg. Tha iad seo a' cleachdadadh smaoineachadh ro-innleachdail, a' fuasgladh cheistean, agus planadh, a bharrachd air na sgilean eile gu h-àrd.
- Bheir clann a-steach do ghnìomhan a tha a' cleachdadadh matamataig. Mar eisimpleir, tha còcaireachd gu tric ag iarraidh uireadan agus tomhas a bharrachd air cumaidhean, uairichean agus teòthachdan. Nuair a tha thu a' dol dhan bhùth tha thu a' faicinn prìsean, a' cunntais airgead agus a' coimhead air dè an uair a tha e.
- Dèan tuairmse air rudan a chuir còmhla: "Saoil cia mheud ceum a th' ann an seo?"
- Planaig turasan còmhla, a' coimhead air mapaichean agus clàraichean-àma, agus bruidhinn mu dheidhinn astaran.
- Bruidhinn mu dheidhinn matamataig ann an dòigh a tha a' sealltainn gur toigh leat e, agus mar sin smaoinichidh ur pàiste mar sin cuideachd!